

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 2 | 2012 | AN GEARRAN

130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL

## Facal Toisich

Dè an uair as fheàrr airson adhradh follaiseach na Sàbaid? Aig aon àm anns na h-eileanan bha sinn eòlach air seirbheis mhaidne a bhith ann aig meadhan-latha agus seirbheis eile air an fheasgar aig sia uairean. (Ann an cuid de dh'àiteachan chanadh an sluagh "an searmon" ri adhradh na maidne agus "a' choinneamh" ri adhradh na h-oidhche.) Tha mi a' creidsinn gu robh na h-uairean sin a' freagairt air beatha a' chroiteir.

Ach an-diugh chan eil e 'na annas grunn eaglaisean a bhith fo chùram aoin mhinistear. Tha ministear anns a' Chlèir againne aig a bheil sia taighean-adhraidh. Bidh a' cheud seirbheis aige aig deich uairean agus feumaidh e cabhag a dhèanamh airson a bhith air ceann an adhradh ann an eaglais eile mìltean air falbh. Far an robh eaglaisean aig an robh seirbheis gach Dòmhnach aig aon àm, an-diugh cha bhi an eaglais sin fosgailte ach uair anns na trì Sàbaidean.

Anns an naodhamh linn deug, nuair a bhiodh aig daoine ri astar mòr a choiseachd don eaglais, cha bhiodh e furasta dhaibh sin a dhèanamh ach aon turas air an t-Sàbaid. Mar sin, ann an iomadh sgìr cha bhiodh seirbheis ann air an oidhche.

Bho rinneadh ceangal an-uiridh eadar an coitheanal againne agus ar nàbaidhean b'fheudar atharrachadh a dhèanamh ann an uair nan seirbheisean. Tha an t-seirbheis againn a-nis nas tràithe, aig deich uairean madainn Didòmhnaich. Tha mi a' smaoinichadh gum bi an coitheanal a' fuireach nas fhaide an dèidh na seirbheis airson còmhradh agus conaltradh a bhith aca, rud a dh'fhaodas a bhith buannachdail.

Ge b'è dè an t-àm den latha anns am bi seirbheisean air an cumail, nach math gu bheil na h-aon gheallaidhean againn a thaobh cumhachd agus làthaireachd Dhè.

**Le deagh dhùrachd,  
Ruairidh MacLeòid**



Aig aon àm 's e latha mòr a bha ann an latha na fèille. Chan e a-mhàin gum biodh crodh air an reic agus air an ceannach, ach bhiodh iomadh annas a' cur an tairgse nan daoine a bhiodh a' tighinn chun na fèille. 'S e latha sònraichte a bha ann don òigridh. An seo chì sibh clann a' coimhead air na rudan milis agus na dèideagan a bha rin ceannach. Chaidh an dealbh seo a thogail, a rèir coltais ann an Loch nam Madadh, còrr is ceud bliadhna air ais. Tha Cnoc na Fèille taobh a-muigh a' bhaile.

## Cùil Nan Ceist

'S e àm fàis a tha ann an àm an earraich. Air a' mhìos seo 's ann mu fhàs a tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh às a' Bhìoball. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Dè a dh'fhàsas suas agus a chinneas nas motha na luibh sam bith eile? (Marcus, caibideil 4)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Fàsaibh ann an ---- agus ann an eòlas." (2 Peadar, caibideil 3.)
3. Cò a dh'fhàsas mar sheudair air Lebanon? (Salm 92)
4. Dè na flùraichean a tha a' fàs anns a' mhachair a bheir fòghlam dhuinn? (Mata, caibideil 6)

# Stòiridhean – 2

Anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean tha mi ag innse dhuibh stòiridhean a chòrd rium fhìn.

Thachair seo ann an Cramond faisg air Dùn Eideann bho chionn ceudan bliadhna air ais. Thug còig mèirlich ionnsaigh air duine a bha a’ siubhal leis fhèin. Bha tuathanach ag obair faisg air làimh ann an coille. Chuala e an ùpraid agus ruith e a dhèanamh cobhair air an duine agus theich na mèirlich. Thug an tuathanach an duine a bha air a ghoirteachadh don t-sabhal aige agus rinn e cobhair air an sin.

“Cò thu?” ars an neach-siubhail.

“Is mise Iain Howieson. Tha mi ag obair mar chosnaiche air tuathanas a bhuineas don Rìgh.”

“Agus cò thusa?” dh’fhaighnich an duine a thug cuideachadh dha.

“O”, ars esan, “tha obair agam ann an lùchairt Holyrood ann an Dùn Eideann. Thig gam fhaicinn uaireigin agus bheir mi thu timcheall na lùchairt agus faodaidh tu coinneachadh ris an Rìgh.”

Chaidh Iain Howieson pìos math den t-slighe còmhla ris an duine airson a bhith cinnteach nach tachradh càil tuilleadh dha.

Goirid an dèidh seo bha e ann an Dùn Eideann agus chaidh e chun na lùchairt agus choinnich e ris an duine air an do rinn e cobhair. Thug e e timcheall na lùchairt mus tug e e a choinneachadh an Rìgh.

“Ciamar a dh’fhaighnicheas mi an Rìgh am measg nan usaislean eile?” dh’fhaighnich e.

“Uill,” ars an duine, “’s e an t-aon duine le còmhdach air a cheann.”

Nuair a chaidh iad a-steach don Talla Mhòr thug a h-uile

duine dhiubh an adan ach am fear còmhla ris an robh e.

Abair gun do rinn an Rìgh losgan gàire nuair a chunnaic e aghaidh an duine.

Thug an Rìgh dha an tuathanachas air an robh e ag obair mar dhuais, ach rinn Iain Howieson cobhair air gun dùil aige ri duais. Tha sinn a’ leughadh ann an Soisgeul Lùcais, “Dèanaibh maith, agus thugaibh iasad gun dùil a bhith agaibh ri nì sam bith mar èirig.”

## Oighrig Fhearghastan (A’ Mhanachainn)



Bidh muinntir nan eilean a’ cur luach air na bàtaichean-aiseig a bhios a’ siubhal eadar tìr-mòr agus na h-Eileanan an Iar. Air a’ gheamhradh a chaidh seachad bha droch shìde againn agus bha aig na bàtaichean ri dhol gu muir nuair nach robh cùisean idir fàbharach. Bha làithean ann nuair a bha bàtaichean ri port nuair nach robh e sàbhailte an caladh fhàgail. Tha na bàtaichean-aiseig a tha againn an-diugh nas motha na na soithichean a bhiodh ann uaireigin. Anns an dealbh seo chì sibh sgioba a’ bhàta Minard Castle air cidhe Sgiobanais ann an Cinn-tìre. Aig an àm sin bhiodh a’ Ghàidhlig aig a’ mhòr-chuid de na seòladairean. Bha mòran de na fir a bhiodh ’nam buill den sgioba ’nan luchd eaglais.

# Leabhraichean

Nuair a leig am Fear-deasachaidh dheth a dhreuchd mar mhinistear sgìre fhuair e cuidhteas mòran de na leabhraichean a chruinnich e rè nam bliadhnachan. Ach ghlèidh e a’ chuid mhòr de na leabhraichean Gàidhlig. Agus tha trì sgeilpichean aige fhathast le leabhraichean air eachdraidh-beatha dhaoine, gu h-àraidh feadhainn aig a bheil buntanas ris an Eaglais air Ghàidhealtachd.

Ann an 1977 thàinig a-mach an darna clò-bhualadh de leabhar prìseil a sgrìobh am Proifeasair Seòras Collins a bha ann an Colaiste na h-Eaglaise Saoire ann an Dùn Eideann, fìor dhuine Crìosdail, searmonaiche comasach ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, agus fear-sgrìobhaidh ealanta agus fiosrach air eachdraidh na h-Eaglais air a’ Ghàidhealtachd.

Bha MacRath Mòr ’na shearmonaiche cho comasach agus a bha am measg nan Gàidheal anns an naodhamh linn deug. Bha e ’na

## “Big Macrae”. The Rev. John Macrae (1794-1876) Seòras Collins

mhinistear ann an Leòdhas agus air tìr-mòr na Gàidhealtachd aig àm nuair a bha dùsgaidhean spioradail ann. ’S e àm sgaraidh a bha seo cuideachd am measg nan Gàidheal agus bha an t-Urr. Iain MacRath ’na cheannard air an fheadhainn a dhealaich ri Eaglais na h-Alba ann an 1843. Thagh Tòmas Chalmers e gu bhith a’ mìneachadh prionnsapalan an Dealachaidh do a cho-Ghàidheil.

Tha an t-Oll. Collins a’ leantainn beatha MhicRath o làithean ’òige ann an Cinn t-Sàile gu àm a bhàis aig ceithir fichead agus a dhà. Tha tòrr naidheachdan beaga ann a tha a’ toirt seallaidh dhuinn air an t-seòrsa duine a bha ann. Anns an leabhar leughar nòtaichean o na searmoinean aig a’ mhinistear chumhachdach seo a bha sgrìobhte anns a’ Bhìoball a bhiodh e a’ cleachdadh.

Dhealaich am fear-deasachaidh ri iomadh leabhar an-uiridh. Ach tha leabhraichean beaga mar seo ro-luachmhor airson an leigeil seachad.

# Searmon Beag

Mise, ma thogar suas on talamh mi, tàirgnidh mi na h-uile dhaoine am ionnsaigh. (Eòin 12:32)

Tha cuid de na rudan a thubhairt losa, agus 's dòcha gu bheil sinn a' miannachadh cothrom a bhith againn faighneachd de da-rìreabh a tha na faclan a' ciallachadh. Ach an seo tha Eòin ag innse dhuinn de bu chiall do bhriathran losa an seo – *Ach thubhairt E seo, a' ciallachadh ciod a' ghnè bhàis a gheibheadh E.*

'S ann mun chrann-cheusaidh agus mu bhuidh-tarraing a' chrainn a tha losa a' labhairt an seo.

Dè an tarraing a tha ann an crann-cheusaidh Chalbhari don chreidmheach?

*Anns a' chrann chì sinn cho dorcha agus a tha peacadh an duine.*

Bha dithis eile air an cur gu bàs aig an àm sin, fear air gach taobh de dh'losa. Fhuair iadsan binn bàis a chionn gu robh iad ciontach. Ach carson a bha losa an sin? Tha na Sgrìobtaran ag ràdh nach do rinn E peacadh nì motha a fhuaradh cealg 'na bheul. Tha an laoidh ag innse gur *peacaidhean a shluaigh a chuir suas E gu Golgota*. Tha am fàidh a' sgrìobhadh gun do lotadh E Airson ar peacadh-ne, gun do bhruthadh E airson ar n-aingidheachd, gun do leagadh airsan smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdan-san gun do shlànaicheadh sinne.

*Anns a' chrann chì sinn cho domhainn agus a tha gràdh Dhè.*

Thug Pilat òrdagh gum biodh na faclan seo sgrìobhte os cionn a' chrainn-cheusaidh, losa o Nàsaret, rìgh nan Iùdhach. Ach thubhairt am bàrd gum faca esan faclan eile sgrìobhte air a' chrann – *Is gràdh Dia*.

Nuair a bha Pòl a' lorg dearbhaidh air gràdh Dhè dhuinne, a dh'aindeoin ar peacaidhean, tha e a' dol dìreach a dh'ionnsaigh a' chrainn-cheusaidh. *Tha Dia a' moladh a ghràidh fhèin dhuinne do bhrìgh nuair a bha sinn fhathast nar peacaich, gun d'fhuair Crìosd bàs air ar son.*

*A-rithist, anns a' chrann chì sinn cho farsaing agus a tha mathanas Dhè.*

Chualas seachd teachdaireachdan, seachd faclan o bhilean losa on chrann-cheusaidh. Am measg nam faclan sin, tha an ìrnaigh iongantach seo, *Athair, maith dhaibh, oir chan eil fios aca ciod a tha iad a' dèanamh.*

Tha sinn a' leughadh anns an t-Seann Tiomnadh mu thachartas ann an eachdraidh Israeil. Bha an sluagh air peacachadh an aghaidh Dhè agus chaidh am bualadh le nathraichean puinnseanta.

Bha na h-Israelich làn aithreachais. Dh'iarr Dia air Maois nathair umha a dhèanamh a bha coltach ris na nathraichean nimhe a bha a' lot an t-sluaigh. Tha sinn a' leughadh, *Agus thàrladh, ma lot nathair duine sam bith, agus gun d'amhairc e air an nathair umha, gun d'fhan e beò*. Ann an soisgeul Eòin tha seo sgrìobhte, *Mar a thog Maois suas an nathair anns an fhàsach, is ann mar sin as èiginn do Mhac an Duine a bhith air a thogail suas, chum ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gum biodh a' bheatha shiorraidh aige.*

'S e cuireadh Dhè dhuinn: *Sealladh riumsa, agus bithibh air bhur teàrnadh, uile iomallan na talmhainn.*

## Luach a' Bhiobail

An-diugh tha e furasta don neach sam bith Bioball a lorg airson a leughadh. Ach cha robh sin fìor anns na làithean a dh'fhalbh. Bhiodh an t-Urr. Calum MacRisnidh, a bhuineadh do dh'Uige Leòdhais, ag innse gu robh miann aige am Bioball a leughadh nuair a bha e 'na òganach. Ach chan fhaigheadh e leth-bhreas de na Sgrìobtaran dha fhèin ann an Leòdhas agus chaidh e don Eilean Sgitheanach dìreach airson Bioball fhaotainn. Ri tìde rinneadh oidhirp mhòr ann a bhith a' craobh-sgaoileadh a' Bhiobail am measg nan Gàidhlig agus rinn na Sgoiltean Gàidhlig obair mhòr ann a bhith a' toirt cothrom do ar sinnsirean leughadh fhòghlam.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Ann an cluainean glasa bheir e orm laighe sìos, làimh ri uisgeachan ciùine." Tha

na faclan sin sgrìobhte ann an salm ainmeil, an treas salm thar fhichead. Tha iad anns an darna rann. Bidh sinn tric a' seinn an t-sailm sin anns an eaglais. Ach tha an salmadair ag aideachadh gu bheil barrachd air cluainean glasa agus uisgeachan ciùine ann am beatha an duine. Bidh na glinn dhorcha ann cuideachd. Ach tha Dia ri ar taobh nuair a tha an rathad furasta no doirbh, air làithean dorcha agus air làithean grianach soilleir.

Sgrìobh mi seo an dèidh dà latha de shìde stoirmeil a bhith againn. Aon seachdain bha gaoth mhòr ann agus bha

stuaighan fiadhaich air an loch. Thuit craobhan agus dh'èirich sglèatan a bha air mullach thaighean. Ach air an ath sheachdain bha sìde na bu mhiosa ann. Bha tuiltean air na rathaidean. Rinneadh milleadh air taighean-glainne ann an gàrraidhean. Nì a' ghaoth milleadh, ach tha i buannachdail cuideachd. Anns a' Bhioball tha a' ghaoth 'na samhladh air obair Spiorad Dhè. Nì a' ghaoth feum do bhàtaichean-sheòl agus do na crainn a chruthaicheas cumhachd an dealain.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha bhi luathas agus grinneas." (Quick and fine don't combine.) Ma bhios sinn

ro-chabhadh, nì sinn mearachdan. Ma bhios sinn ro-chabhadh, cha bhi an obair coileanta. Tha e nas fheàrr a bhith cùramach socair. Bidh obair ann a thòiseachas luath agus cha tig crìoch air. Ma tha sinn a' togail taighe feumaidh sinn sùil a chumail air an obair. Ann an rèis fhada chan eil e glic a bhith a' tòiseachadh ro-luath. Tha am Bioball ag ràdh gu bheil an Crìosdaidh a' ruith rèise.

Anns a' Bhioball chì sinn losa o àm gu àm ann am bàta. Chaidh e tarsaing Muir Ghalile ann an eithear iasgaich. Aon

latha chleachd e bàta mar chùbaid. Bha an sluagh 'nan seasamh air a' chladach. Bha losa 'na sheasamh anns a' bhàta. Bha agus tha bàtaichean cudthromach ann am beatha nan Gàidheal. Bidh iasgair gan cleachdadh. Tha bàtaichean-aiseig a' ceangal eileanan ri chèile agus a' ceangal eileanan ri tìr-mòr. Tha obair shònraichte aig sgiobair a' bhàta. Tha sinn a' faireachadh sàbhailte nuair a tha caiptean aig an stiùir a tha comasach. 'S e losa ceannard ar slàinte.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## 130 BLIADHNA A' FRITHEALADH DO NA GAIDHEIL

# Thall 's a-Bhos

### FUINN

Bidh fuinn ann a bhios a' còrdadh ris a h-uile duine. Bidh fuinn eile ann agus bidh eadar-dhealachadh bheachd am measg dhaoine. Bidh cuid a' smaoinichadh gu bheil am fonn tlachdmhor ach bidh cuid eile ann agus cha toigh leo idir e. Bidh fuinn ann a dhùisgeas cuimhneachain nar cridhe. Tha cuimhne aig an Fhear-deasachaidh air a bhith a' dol tarsaing Loch Laomainn còrr is dà fhichead bliadhna air ais ann an cuideachd buidheann de dh'oileanaich on Eaglais Shaoir. Air an turas sheinn sinn sailm. Tha cuimhne agam gun do sheinn sinn aon salm air fonn brèagha a thàinig à Canada, *Prince Edward Island*. Tha seann fhuinn nach caill an luach. Tha fuinn ùra ann a tha a' còrdadh ri coitheanal, leithid *Bays of Harris*.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig mun fhacal "fàs" mar a tha e air a chleachdadh anns a' Bhìoball. 1. Gràinne mustaird. 2. ---gràs--- 3. Am firean. 4. Na lilidhean.

### RANN

*Guth losa chuala mi ag ràdh:  
Is mise soills' an t-saoghail;  
Seall rium, 's a' mhadainn dealtraidh ort,  
'S do là bidh geal a-chaidh.  
Chum losa sheall mi agus fhuair  
Annsan mo reul 's mo ghrian;  
San t-solas ghlan seo gluaisidh mi,  
Gu deireadh làith' mo thriall.*

Seo an rann mu dheireadh anns an laoidh, *I heard the voice of Jesus say*, aig Horatius Bonar air eadar-theangachadh leis an Oll. Urr. Raibeart Blàrach, fear de na ministearan foghainteach a bha ann an eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu anns an naodhamh linn deug.

### ANNS AN DA CHANAN

A h-uile Sàbaid air feadh na bliadhna bidh seirbheis Ghàidhlig ann an eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu aig deich uairean agus seirbheis Bheurla aig leth-uair an dèidh aon uair deug. Bidh seirbheisean Comanachaidh ann anns an dà chànan uair anns an ràithe. Air a' cheud Didòmhnaich den Dùbhlachd an-uiridh rinn seisean na h-eaglais atharrachadh beag. Dh' aontaich iad nach biodh ann ach aon seirbheis Chomanachaidh, aig leth-uair an dèidh aon uair deug, agus àite aig an dà chànan anns an adhradh. A rèir coltais dh'obraich an t-òrdagh seo glè mhath nuair a bhiodh sùil ri droch shìde agus bha barrachd ùine aig na buill, cuid dhiù a tha a' fuireach pìos air falbh, airson faighinn don eaglais. B'ann air an t-Sàbaid a bha Latha na Nollaig mu dheireadh. Cha robh anns an Oban ach aon seirbheis an latha sin. Anns a' bhitheantas tha seirbheis Ghàidhlig air a' cheathramh Sàbaid. Ach aig an aon seirbheis a chumadh anns an Oban air Latha na Nollaig bha pàirt den adhradh ann an Gàidhlig.

### AN T-OLL. URR. IAIN A. ROBASTAN

Bha an t-Oll. Urr. Iain Eàirtsidh Robastan, a chaochail ann an Canada anns an t-Samhain, 'na shearmonaiche agus 'na chraoladair comasach ann an

Gàidhlig agus ann am Beurla. Bhuineadh e do theaghlach a thug seirbheis fhada do dh'Eaglais na h-Alba. Bha 'athair 'na mhiseanaraidh ann an Trumaisgearraidh ann an Uibhist a Tuath agus a-rithist anns an Eilean Sgitheanach. Bha bràthair Iain Eàirtsidh, an t-Urr. Raghnall Robastan, bliadhnachan mòra 'na mhinistear ann an Sgàin (eadar 1949 agus 1982) an dèidh dha gluasad à Loch Carann. Chaochail esan ann an 1994. Bha Iain Eàirtsidh Robastan 'na mhinistear ann an Toronto nuair a ghabh e ri gairm ann an 1977 o choitheanal an t-Srath anns an Eilean Sgitheanach. Ach thill e a Chanada far am biodh e tric a' craobh-sgaoileadh air an ràdio. Bho chionn beagan mhìosan chualas air an ràdio seirbheis Ghàidhlig a chuir e air clàr bliadhnachan air ais.

### ADHBHAR-GAIRE

Anns na seann làithean air a' Ghàidhealtachd bhiodh seirbheisean a' Chomanachaidh a' tòiseachadh Diardaoin agus a' dol gu Diluain. Bhiodh càirdean a' tighinn a' iomadh ceàrn aig àm an Ordaigh. Bha na coigrich air an dèanamh dìth-beathte. Bha càirdeas agus co-chomann am measg an t-sluaigh. Nuair a thigeadh Diluain bhiodh a' chuideachd a' sgaoileadh, gach neach a' dol dhachaigh, ag ionndrain cuideachd nan càirdean. Bha boireannach diadhaidh ann an Cataibh a bhiodh ag ràdh, "Beannaichte gu robh an Tighearna nach bi 'Diluain' anns a' chomanachadh air nèamh."

## Urnaigh

A Dhè Uile-chumhachdaich,  
ar Cruthaidhear agus ar Tighearna,  
tha sinn a' toirt taing dhut  
airson gach ràith den bhliadhna.

Moladh dhut  
airson àm an earraich  
nuair a tha fuachd agus dorchedas  
a' gheamhraidh a' gabhail seachad.  
Tha sinn ag ùrnaigh  
gum biodh an t-earrach gar teagasg  
mu ullachadh Dhè  
fa chomhair ar feum,  
gu h-aimsireil agus gu spioradail.

Amen

### An dealbh air an aghaidh:

Seo dealbh de Mhionaid air Loch Fìn ann an Earra Ghàidheal anns na bliadhnachan an dèidh a' Cheud Chogaidh. Aig aon àm bhuineadh a' chuid mhòr de mhuintir a' bhaile don Eaglais Shaoir. Chumadh an t-seirbheis mu dheireadh anns an Eaglais Shaoir (a chithear anns an dealbh) ann an 2000. An-diugh tha Eaglais na h-Alba fhathast a' cumail sheirbheisean anns a' bhaile.